

Cuspair Clàir-ghnothaich	4
Àir. Aithisge	G/8/23

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 31 Cèitean 2023

Tìotal Aithisge: Plana na Gàidhlig 2023–28

Aithisg le: An t-Àrd-Oifigear

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e prìomh adhbhar na h-aithisge cuireadh a thoirt do Bhuill beachdachadh air agus toirt fa-near do Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2023–28 (PnG) – an ceathramh deasachadh dhen Phlana.
- 1.2 Tha e cudromach toirt fa-near nach e plana ùr a th' ann am PnG, seach gu bheil gach deasachadh a' togail air an adhartas a rinneadh anns na deasachaidhean roimhe.
- 1.3 Gheibhear PnG ann an **Leabhran A** (co-cheangailte ris an aithisg seo) agus chaidh a chuirteachadh cuideachd gu Buill na Comataidh.
- 1.4 Thèid PnG a chur a-steach chun na Làn-Chomhairle air 29 Ògmhios 2023.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill aontachadh gun dèanar moladh dhan Làn-Chomhairle gum bu chòir dhi aontachadh gun tèid an dreachd Plana a chur a-steach gu Bord na Gàidhlig.

3. Buaidhean

- 3.1 Goireas – Thèid maoinachadh airson PnG a bhuileachadh a shireadh tro Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd agus sruthan maoinachaidh eile mar a tha iomchaidh.
- 3.2 Laghail – Tha e mar riathanas air Comhairle na Gàidhealtachd gum bi Plana Gàidhlig aontaichte aice a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ('Ahd 2005'). Tha Earrann 3(6) de dh'Ahd 2005 cuideachd a' mìneachadh gu bheil e mar riathanas air ùghdarrasan poblach co-chomhairleachadh a chumail le daoine a tha a' nochdadh ùidh a thaobh

dreachd PnG. Feumaidh PnG a bhith air a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig gun a bhith nas anmoiche na 6 Ògmhios 2023, a rèir riatanasan Achd 2005.

- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Tha fòcas làidir coimhearsnachd aig buileachadh PnG air feadh na Gàidhealtachd air sgàth nan tachartasan, an taic is an leasachadh coimhearsnachd a thathar a' toirt seachad ann an coimhearsnachdan tro obair Sgioba na Gàidhlig. Bidh Sgioba na Gàidhlig, far a bheil sin iomchaidh, ag obair ann an com-pàirteachas is a' conaltradh le buidhnean ionadail is coimhearsnachd.
- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach – Tha Sgioba na Gàidhlig a' dèanamh feum cho math 's a ghabhas de theicneòlas airson ceangal a thogail le co-obraichean is le buidhnean air an taobh a-muigh gus còmh-dhail a lùghdachadh.
- 3.5 Cunnart – Feumar dreachd PnG a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig, gun a bhith nas anmoiche na 6 Ògmhios, a rèir chumhaichean Achd 2005.

Dh'fhaodadh cuideaman eaconamach leantainneach buaidh a thoirt air comas Chomhairle na Gàidhealtachd PnG a libhrigeadh. Tha an cunnart seo air a sgrùdadh tro Shìostam Coileanaidh is Rianachd Cunnairt (*Performance and Risk Management System* – PRMS) Chomhairle na Gàidhealtachd a tha air aithris air stèidh ràitheil, agus a tha a' gabhail a-steach aithisg PRMS mar nì seasmhach air clàr-gnothaich Chomataidh na Gàidhlig.

- 3.6 Gàidhlig – Tha buaidhean fìor mhath air gleidheadh is leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig thar nan roinnean is nam buidhnean-aoise uile sa Ghàidhealtachd. Tha PnG cuideachd a' neartachadh luach sòisealta is eaconamach na Gàidhlig.

4. Plana na Gàidhlig 2023–28

- 4.1 'S e deasachadh ùraichte de na trì deasachaidhean mu dheireadh a th' ann am PnG. Tha PnG a' togail air an obair a rinneadh roimhe gus an dà phrìomh amas ann an dreachd Plana Nàiseanta Gàidhlig 2023–28 Bhòrd na Gàidhlig a chur air adhart:

- Meudaich cleachdadh na Gàidhlig
- Meudaich ionnsachadh na Gàidhlig

Mar a chaidh innse ann an 1.3, gheibhear PnG ann an **Leabhran A**.

- 4.2 Chaidh Prìomhachasan Ro-innleachdail a' Phlana aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Tha iad mar a leanas:

- Tha taic do luchd-cleachdaidh is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air fad, anns na coimhearsnachdan aca agus anns na lìonraidhean anns am bi iad ag obair, air a mheudachadh.
- Thoir seachad iomairtean gus ionnsachadh cànan a bhrosnachadh do dhaoine òga agus do theaghlaichean anns an dachaigh.
- Toraidhean nam Meadhanan is nan Ealainean Gàidhlig – a' cruthachadh chothroman airson cur an cèill, sgilean, ruigsinneachd, com-pàirteachas agus cruthachalachd.
- A' cleachdadh na Gàidhlig ann an gnothachasan is iomairtean sòisealta; agus a' Ghàidhlig mar sho-mhaoin eaconamach ann an Alba.

- Leudaich lìbhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig le barrachd chuspairean àrd-sgoile, sgoiltean ùra le Gàidhlig a-mhàin, agus solar ùr thràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile is àrd-sgoile.
- Lìbhrig adhartachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70% de bhun-sgoiltean a' toirt seachad Gàidhlig mar C2 is C3 gus solar Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarras.

4.3 Tha structar PnG a' leantainn dreachd Plana Nàiseanta Gàidhlig 2023–28, anns a bheil na ceithir cuspairean a leanas:

- Coimhearsnachdan agus Dachaigh
- Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas
- Gnìomhachas agus an Eaconamaidh
- Foghlam

Chaidh earrann mu Amasan Seirbheis Corporra a chur a-steach cuideachd seach gu bheil seo a' cur ris na cuspairean gu h-àrd, gu h-àraid a thaobh Gàidhlig/dà-chànanas thar seirbheisean na Comhairle.

Tha na h-Amasan Seirbheis Corporra a tha air an cur a-mach le Bòrd na Gàidhlig ag amas air prìomh sheirbheisean Gàidhlig a dhèanamh coitcheann thar ùine thar na roinne poblach. Thathar a' tuigsinn gum bi ùghdarrasan ionadail aig diofar ìrean leis na h-amasan seo ach thathar an dùil gum bu chòir dhaibh uile a bhith ag obair gu ruige nan toraidhean seo.

5 Atharrachaidhean dhan Dreachd Phlana

5.1 Bha an co-chomhairleachadh poblach airson PnG fosgailte airson sia seachdainean agus dhùin e air 21 Giblean 2023.

Chaidh còrr is 500 beachd fhaotainn thairis air ùine a' cho-chomhairleachaidh phoblach. Bha na leanas am measg fios air ais a chaidh fhaotainn:

- Bha am plana ro fhada is ro dhoirbh a leughadh.
- Bha tuilleadh soilleireachaidh a dhìth mu cho-obrachadh le buidhnean a leithid High Life na Gàidhealtachd, Fèisean nan Gàidheal, Fèis Rois agus Cùirt an Easbaig.
- Thuir daoine òga gun robh gnìomhan a leithid fèisean agus spòrs tro mheadhan na Gàidhlig a' còrdadh riutha.
- Thuir sgoilearan gum bu toil leotha nam biodh raon nas fharsainge de spòrs air a thabhan, agus air stèidh nas cunbhalaiche.
- Draghan mu chion thidsearan is ghoireasan.
- Bha cuspair a' Ghnìomhachais agus an Eaconamaidh fo-riochdaichte.
- Chaidh moladh mòr a dhèanamh air obair nan oifigearan Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd.

Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air fios air ais agus tha seo air fios a chur ris an dreachd dheireannach de PnG. Tha na h-atharrachaidhean ris an deach gabhail air am mìneachadh ann an Èarr-ràdh 1 dhen Phlana.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 10 Cèitean 2023

Ùghdaran: Eoina Rodgers agus Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2023–28
(Leabhran A)